



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Gaelic in the Scottish Parliament



Introduction

The Scottish Parliament wants to make sure that everyone in Scotland can become involved in its work, whatever language they use. With this in mind, Gaelic has played an important part in the Scottish Parliament since it opened in 1999. With the introduction of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 the Parliament has increased opportunities to engage with its work through Gaelic.



This leaflet is aimed at Members of the Scottish Parliament (MSPs), members of the public and Scottish Parliament staff. You will find information here about the Scottish Parliament's Gaelic services and how you can use them.

Gaelic

Gaelic, pronounced 'gaalik', was once the language of the majority of the Scots people, her nobles, clans and kings, and was not only spoken in the Highland area but was also widely spoken in what we would now consider the Lowlands. As late as the 17th century, native Gaelic speakers were to be found in Galloway and Ayrshire for instance.

Today, Gaelic speakers are spread throughout Scotland. According to the 2001 census just over half live in the Highland counties with the remainder living in the Lowlands. A large proportion of Gaelic speakers live in urban areas such as Glasgow, Edinburgh, Aberdeen and Inverness. For example, around 20% of Gaelic speakers live in the Greater Glasgow area. Overall 92,400 people (1.9% of the Scottish population) were recorded as being able to read, write, speak or understand Gaelic. In addition to this there is a thriving community of learners.

92,400 people (1.9% of the Scottish population) were recorded as being able to read, write, speak or understand Gaelic in the 2001 census.

Services for the public



You can use Gaelic in the following ways to engage with the Parliament:

- You can write to, phone or email the Scottish Parliament using Gaelic and you will receive a reply in Gaelic.
- A wide range of information and educational resources are available in print and online in Gaelic.
- The Parliament's website contains hundreds of pages of Gaelic offering up-to-date and archived information at www.parlamaid-alba.org
- As part of our Education programme we offer Gaelic or bilingual sessions for schools, colleges and other educational groups. These can take place within the Parliament or in your school or college.
- Gaelic public tours are available.

You can also participate in the parliamentary process through Gaelic in the following ways:

- You can write to or email your MSPs in Gaelic.
- You can submit written evidence to parliamentary committees in Gaelic.
- You can submit public petitions in Gaelic.
- If invited to address the Parliament, you may do so in Gaelic subject to prior agreement from the Presiding Officer.
- If invited to give oral evidence to a parliamentary committee, you may do so in Gaelic subject to prior agreement from the committee convener.

Full details of how languages other than English can be used in parliamentary business by both Members and the public are available in the Scottish Parliamentary Corporate Body Language Policy:

www.scottish.parliament.uk/vli/language/lang-pol.htm



Services for Members and staff

Gaelic services on offer to MSPs and Scottish Parliament staff include:

- Advice to Members on the use of Gaelic including help with pronunciation and advice on sourcing translation services. Translation costs for Members' correspondence can be reimbursed under the Members' expenses scheme (as Members arrange translation of correspondence themselves).
- Advice on Gaelic-related matters and translation services for Scottish Parliament staff.

There are a range of opportunities to use Gaelic in parliamentary business:

- Members may use Gaelic in debates or committee meetings, subject to prior agreement from the Presiding Officer or committee convener.
- Motions, amendments to motions and questions must be in English but Members may provide an accompanying Gaelic translation which will be published in the Business Bulletin along with the English version.

The SPCB Gaelic Language Plan



The Scottish Parliamentary Corporate Body has developed a statutory Gaelic Language Plan for 2008-2013 under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. This has added to the opportunities available to use Gaelic in the Parliament and seeks to give effect to the principle that the Gaelic and English languages should be accorded equal respect.

New measures arising from the Plan include the adoption of a bilingual corporate identity as standard, an expansion of public signage within the Parliament complex, introducing Gaelic awareness training for front of house staff and ensuring that Gaelic is considered in the policy making and monitoring process.

The Scottish Parliament Gaelic Language Plan is available in hard-copy or online at:

www.parlaimaid-alba.org/gaelicplan

Contacts

**Address:**

Gaelic Service
The Scottish Parliament
Edinburgh
EH99 1SP

**Tel:**

0131 348 5395 (Gaelic)
0131 348 5000 (English)

**Fax:**

0131 348 5601

**E-mail:**

gaidhlig@scottish.parliament.uk

**Website:**

www.parlamaid-alba.org

**Text:**

07786 209888

Order free Gaelic publications on line:

www.parlamaid-alba.org/foillseachaidhean.htm

Arrange an education session at:

www.scottish.parliament.uk/vli/education/visitsEvents/index.htm

Mailing list

We hope that you found this publication useful. If you would like to be included on the Parliament's Gaelic mailing list please complete the details below, and return in an envelope to:

Gaelic Service
The Scottish Parliament
Edinburgh
EH99 1SP

or alternatively email gaidhlig@scottish.parliament.uk

Name: _____

Address: _____

Email: _____





Parliamentary Copyright. © Scottish Parliamentary Corporate Body 2009.

1st edition, March 2009

Printed in the UK on paper manufactured with pulp sourced from carefully managed and renewed forests, fully recyclable. Inks used are vegetable based using linseed oil.

This publication received financial support from Bòrd na Gàidhlig.





The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba

Thank you for visiting
The Scottish Parliament
Tapadh leibhse
airson tadhal air
Pàrlamaid na h-Alba



Cùl-fhiosrachadh

Tha Pàrlamaid na h-Alba airson dèanamh cinnteach gun tèid aig a h-uile duine dol an sàs na h-obair, ge b' e dè an cànan a chleachdas iad. Le seo san amharc, tha Gàidhlig air pàirt mòr a ghabhail ann am Pàrlamaid na h-Alba bho dh'fhosgladh i ann an 1999. Bho thàinig Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gu bith, tha a' Phàrlamaid air cothroman a chur am meud airson tighinn chun a h-obrach tron Ghàidhlig.



Tha an leabhran seo ag amas air Buill Phàrlamaid na h-Alba (BPA), air a' phoball agus air luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba. Gheibh sibh fiosrachadh an seo mu sheirbheisean Gàidhlig Pàrlamaid na h-Alba agus mar as urrainn dhuibh an cleachdadh.

Gàidhlig

Tha Pàrlamaid na h-Alba a' toirt seachad tòrr chothroman gus ionnsachadh ma deidhinn agus gus pàirt a ghabhail san obair aice tron Ghàidhlig. Tro na seirbheisean is goireasan Gàidhlig againn, tha sinn airson 's gum bi e cho furasta sa ghabhas dèiligeadh ris a' Phàrlamaid tron Ghàidhlig agus mar sin gun cleachd barrachd dhaoine na cothroman seo. Is e seo am prionnsabal ris an canar 'tairgse ghnìomhach'.

Tha ar seirbheisean ann airson an dà chuid luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air feadh na h-Alba. A bharrachd air solarachadh airson inbheach, bidh sinn cuideachd ag obair còmhla ri sgoiltean, a' gabhail a-steach an dà chuid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus clasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh.

Ma tha sibh ag iarraidh pàirt a ghabhail ann an obair na Pàrlamaid, nach cleachd sibh ur cuid Gàidhlig.

Tha sinn airson 's gum bi e cho furasta sa ghabhas dèiligeadh ris a' Phàrlamaid tron Ghàidhlig

Seirbheisean airson a' phobaill



Faodaidh sibh Gàidhlig a chleachdadh sna dòighean a leanas airson dèiligeadh ris a' Phàrlamaid:

- Faodaidh sibh sgrìobhadh, fòn no post-dealain a chur, gu Pàrlamaid na h-Alba sa Ghàidhlig agus gheibh sibh freagairt sa Ghàidhlig.
- Tha raon farsaing de dh'fhiosrachadh is stuthan foghlaim ri fhaighinn ann an clò agus air-loidhne sa Ghàidhlig.
- Tha na ceudan de dhuilleagan sa Ghàidhlig a' tairgse fiosrachaidh ùr agus air a thasgadh air làrach-lìn na Pàrlamaid aig www.parlamaid-alba.org
- Mar phàirt den phrògram foghlaim againn, tha sinn a' tairgse sheiseanan Gàidhlig no dà-chànanach airson sgoiltean, colaistean agus buidhnean foghlaim eile. Faodaidh iad seo a bhith anns a' Phàrlamaid no san sgoil no sa cholaiste agaibh.
- Tha tursan poblach Gàidhlig rim faighinn.

Faodaidh sibh pàirt a ghabhail ann am pròiseas na Pàrlamaid sa Ghàidhlig anns na dòighean a leanas.

- Faodaidh sibh sgrìobhadh, no post-dealain a chur, gu na BPA agaibh sa Ghàidhlig.
- Faodaidh sibh fianais sgrìobhte a chur gu comataidhean pàrlamaideach sa Ghàidhlig.
- Faodaidh sibh athchuingean poblach a chur a-steach sa Ghàidhlig.
- Ma thèid iarraidh oirbh bruidhinn ris a' Phàrlamaid, faodaidh sibh sin a dhèanamh sa Ghàidhlig, le aonta ro-làimh bhon Oifigeir Riaghlaidh.
- Ma thèid iarraidh oirbh fianais labhairteach a thoirt gu comataidh pàrlamaideach, faodaidh sibh sin a dhèanamh sa Ghàidhlig, le aonta ro-làimh bho neach-gairm na comataidh.

Tha làn fhiosrachadh air mar a thèid cànanan seach Beurla a chleachdadh ann an gnothaichean pàrlamaideach leis an dà chuid Buill agus am poball ri fhaighinn ann am Poileasaidh Cànaichean Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (BPCA):

www.parlamaid-alba.org/poileasaidhcanain.htm



Seirbheisean do Bhuill is do luchd-obrach

Am measg nan seirbheisean Gàidhlig a tha air an tairgse do BhPA agus do luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba, tha:

- Comhairle do Bhuill air cleachdadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach cuideachadh le fuaimneachadh agus comhairle air far am faighear seirbheisean eadar-theangachaidh. Faodar cosgaisean eadar-theangachaidh a phàigheadh air ais airson conaltradh sgrìobhte aig Buill tro sgeama cosgaisean nam ball (oir bidh Buill a' cur air dòigh eadar-theangachadh den chonaltradh sgrìobhte aca).
- Comhairle air cùisean a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus ri seirbheisean eadar-theangachaidh do luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba.

Tha raon de chothroman ann gus Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean pàrlamaideach:

- Faodaidh Buill Gàidhlig a chleachdadh ann an deasbadan no coinneamhan chomataidhean, le aonta ro-làimh bhon Oifigear Riaghlaidh no bho neach-gairm na comataidh.
- Feumaidh gluasadan, atharrachaidhean air gluasadan agus ceistean a bhith sa Bheurla ach faodaidh Buill eadar-theangachadh Gàidhlig a thoirt seachad nan lùib a dh'fhoillsichear san Iris Ghnothaichean an cois na dreachd sa Bheurla.

Plana Gàidhlig Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba



Tha Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba air Plana Gàidhlig reachdail a dhealbhadh airson 2008-2013 fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha seo air cur ris na cothroman a tha ann gus Gàidhlig a chleachdadh sa Phàrlamaid agus tha e ag amas air am prionnsabal a chur an gnìomh gu bheil Gàidhlig agus Beurla airidh air spèis cho-ionnan.

Am measg chleachdaidhean ùra a tha air èirigh bhon Phlana, tha gun gabhar ri dearbh-aithne corporra dà-chànanach, gun cuirear ris na tha ann de shoidhnichean poblach dà-chànanach am broinn togalaichean na Pàrlamaid, gun cuirear air dòigh trèanadh mun Ghàidhlig airson luchd-obrach a tha fa chomhair dhaoine, agus gum beachdaichear air a' Ghàidhlig ri linn nam pròiseasan a bhith a' dèanamh no a' sgrùdadh phoileasaidhean.

Tha Plana Gàidhlig Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba ri fhaighinn ann an clò no air-loidhne aig:
www.parlamaid-alba.org/planagaidhlig

Cuiribh fios



Seòladh:

Seirbheis na Gàidhlig
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP



Fòn:

0131 348 5395 (Gàidhlig)
0131 348 5000 (Beurla)



Facs:

0131 348 5601



Post-D:

gaidhlig@scottish.parliament.uk



Làrach-lìn:

www.parlamaid-alba.org



Teacs:

07786 209888

Òrdaichibh foillseachaidhean Gàidhlig air-loidhne
saor 's an-asgaidh:

www.parlamaid-alba.org/foillseachaidhean.htm

Cuiribh seisean foghlaim air dòigh aig:

www.scottish.parliament.uk/vli/education/visitsEvents/index.htm

Liosta-fiosrachaidh

Nam bu toigh leibh a dhol air liosta phuist Ghàidhlig na
Pàrlamaid, nach sgrìobh sibh am fiosrachadh a tha a
dhìth seo shìos, a chur ann an cèis agus a chur gu:

Seirbheis na Gàidhlig
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP

no cuiribh post-d gu: gaidhlig@scottish.parliament.uk

Ainm: _____

Seòladh: _____

Post-d: _____





Fhuair am foillseachadh seo taic airgid bho Bhòrd na Gàidhlig.

